

Candidate 1

Assignment writing title An e peanas a th' ann am Prìosan?

Obair shònraichte-sgrìobhadh - tiotal:

An e peanas a th' ann am prìosan?

A bheil prìosan ag obrachadh mar pheanas? Canaidh feadhainn gu bheil sinn a' tabhann cus ghoireasan gu prìosanaich. Tha mi an dòchas nach eil sin ceart is nach eil sinn a' cur na muirtearan ann an Alba gu ionad coltach ri taigh-osta.

Gun teagamh, tha prìosan mar pheanas airson daoine a tha a' faicinn gu bheil cothrom aca buannachd fhaighinn às.

Faodaidh prìosanan obrachadh gu math ma tha na prìosanaich a' co-obrachadh, mar eisimpler, bidh prìosan a' toirt seachad obair gu prìosanaich sa phrìosan fhèin; a' gearradh falt, ann am bùth-obrach, a' glanadh neo sa chidsin. A bharrachd air sin, bidh iad a' toirt taic do dhaoine aig a bheil duilgheadas le deoch, drugaichean neo le tinneasan inntinn. Cuideachd, bidh feadhainn de prìosanaich a' faighinn barrachd foghlam sa phrìosan, dìreach rudan simplidh leithid leasain ann an litreachas agus matamatags (saoilidh mi gum biodh e na b' fheàrr le Gàidhlig cuideachd ach 's e argamaid eile a tha sin).
Le bhith a' togail na sgilean seo, bidh e nas fhasa do

phrìosanaich òbair fhaighinn as dèidh tighinn a-mach an àite a bhith a' dèanamh eucoir a-rithist. 'S e am 'Prison Reform Program' a chanas iad ris an iomairt seo.

Gu mì-fhortanach, chan eil a h-uile prìosanach a' dèanamh oidhirp gus am beatha aca a dhèanamh na b' fheàrr. Bidh tòrr dhuibh a' sabaid, a' dol an sàs ann an drugaichean is droch rudan eile. Bidh na daoine seo air an cuir no air am fàgail leotha fhèin gu aonranach. Tha an giùlan seo a' coimhead làidir gu prìosanaich eile ach chan eil e a' dèanamh am beatha aca nas fheàrr is chan eil a' phrìosan sàbhailte dhaibh. 'S e peanas a th' ann ach is dòcha nach e an dòigh ceart an ceannsachadh.

Gu cinnteach, bidh deugairean a' dol don phrìosan cuideachd, ach 's e seo an t-àite as miosa dhaibh. Tha fios aig a h-uile duine gu bheil leanabhan ag ionnsachadh bho na pàrantan aca oir 's iadsan na daoine a' bhios a' coimhead as an dèidh. Ann am prìosan, bidh na deugairean seo a' coimhead suas ri droch dhaoine, murtairean, uaireannan airson an cumail sàbhailte.

Nuair a dh'fhàgas na deugairean seo am prìosan, bidh buaidh bhon droch neach sin gan leanntainn tro am beatha àbhaisteach, a' sabaid, ag òl, a' dol an sàs ann an

drugaichean. Ma thig cuideigin a-mach às a' phrìosan nas miosa dhe na chaidh iad a-steach, chan urrainn dhuinn a ràdh gu bheil prìosan na pheanas freagarrach airson na daoine seo.

'S e an t-àite as fheàrr airson feadhainn de dh'eucoirich, a-mach às a' phrìosan. Thuir Kenneth Clarke, faisg air ochd bliadhna air ais, gu robh e ag iarraidh nas lugha daoine sa phrìosan is barrachd dhaoine a' dèanamh binn de sheirbheis coimhearsneachd airson na h-eucoir aca. Tha Alan Boothroyd fichead 's a còig is a' fuirich ann an Northamptonshire. Dh'fhàg Alan an sgoil tràth, gun sgilean is thòisich e mar chlachair, ach bha e a' dol an sàs leis na daoine ceàrr. Chaidh e don phrìosan ach fhuair e cothrom dà cheud uair a thìde a dhèanamh de sheirbheis coimhearsneachd, cùrsa foghlaim is cùrsa airson obair fhaighinn. Thuir e gu bheil am binn seo tòrr nas fheàrr na am prìosan is gu bheil e a' toirt cothrom dha a dhol gu colaiste is barrachd a dhèanamh le a bheatha. Bidh iad a' dèanamh seo tric le daoine air binn goirid.

Bha àm nuair a chanainn sa, gu cinnteach, nam biodh am binn bàis fhathast againn mar a tha aig Aimeriga, gum rachadh an àireamh de dh'eucoir sìos, ach bha mi ceàrr. Anns na Stàitean Aonaichte, anns na stàitean gun binn bàis, tha an àireamh de

mhurt air a dhol sìos gu ìre nas lugha na stàitean leis a' bhinn. Chan eil càil a dh'fhios agam carson. Chaidh 1290 neach a chur gu bàs bho stealladh marbhtach san dùthaich bho 1976! Stad sinn fhèin am peanas-bàis a thoirt seachad ann am Breatainn ann an 1964 is as dèidh do dhaoine a bhith air an cur gu bàs airson eucoir nach do rinn iad. Tha smachd nas fheàrr againn na Aimeriga air eucoir leis nach eil gunnaichean againn, mar sin feumaidh gu bheil sinn a' dèanamh rudeigin ceart. Ge-tà, smaoinich air seo: nam biodh am binn bàis fhathast againn, am biodh sin na pheanas freagarrach eile do dhaoine a rinn droch eucoir? Cò aig a tha fios?

Aig a cheann thall, tha prìosan a' toirt air falbh do shaorsa, chan fhaod thu bhith a' dèanamh na thogras tu idir, is uaireanan (ma bhios tu mì-mhodhail) bidh thu san cealla agad airson còrr is leth den latha. Tha e cho diofraichte bho bheatha air an taobh a-muigh is cha bhiodh e furasta airson mòran dhaoine atharrachadh chun na beatha ùr seo. Chan eil na goireasan àbhaisteach agad ri laimh idir. Mar eisimpleir, chan eil e ceadaichte ach dà leabhrar dheug a chumail san cealla agad!

Tha sinn uile a' coimhead air prìosan mar dhroch àite airson

droch dhàoinne, agus an dèidh coimhead air gach taobh den argamaid, saoilidh mi gu bheil mi ag aontachadh. Cha chluinn thu uair sam bith duine ag ràdh gur e àite math a th' anns a' phrìosan. A bheil e soirbheachail mar pheanas ge-tà? Tha na h-àireamhan a' dearbhadh gu bheil 47% de phrìosanaich gu lèir a' dèanamh eucoir eile taobh a-staigh bliadhna dhaibh bhith air an saoradh. Saoil carson a tha seo? Tha e dearbhte dhomsha gu bheil dòigh eile air pìseach fhaighinn air seo. Tha e a' cosg £65,000 airson aon neach a chur a-steach don phrìosan agus £40,000 airson gach prìosanach a chumail airson bliadhna, agus tha barrachd air 60,000 neach anns a' phrìosan nar dùthaich. 'S e droch àite a th' ann (ach tha e na bu mhiosa mar pheanas) agus is cinnteach nach còrdadh e ri duine sam bith a bhith an greim, peanas ann no às.